

Comhairle Siorrachd Àir a Deas Plana Gàidhlig 2026-2031 (*air ath-dheasachadh)

A' dèanamh Gàidhlig na pàirt fhaicsinneach den chultar chom-pàirteach againn



Air aontachadh le
Bòrd na Gàidhlig air
5mh Cèitean 2026

*San Dàmhair 2025, chaidh an dreachd phlana aontachadh le
Caibineat agus a chur gu Bòrd na Gàidhlig. Chaidh raon-ama
a' phlana seo ath-dheasachadh mar thoradh air aonta le Bòrd
na Gàidhlig ann an 2026.

south-ayrshire.gov.uk



Bòrd na
Gàidhlig

south
AYRSHIRE
COUNCIL
Comhairle Siorrachd Àir a Deas
Making a Difference Every Day

Clàr-innse

| | |
|--|----|
| Geàrr-chunntas air Siorrachd Àir a Deas..... | 3 |
| Facal-toisich | 4 |
| Plana Gàidhlig Siorrachd Àir a Deas 2020-2025 | 4 |
| Ullachadh Plana Gàidhlig Siorrachd Àir a Deas 2025-2030 | 4 |
| Co-chomhairleachadh..... | 5 |
| AmasanRo-innleachdail..... | 6 |
| Foir-shealladh air Comhairle Siorrachd Àir a Deas..... | 8 |
| Comasan Gàidhlig taobh a-staigh Siorrachd Àir a Deas..... | 9 |
| Suidheachaidhean luchd-còmhnaidh Siorrachd Àir a Deas a tha a' conaltradh sa Ghàidhlig.(a' bruidhinn, a' leughadh no a' sgrìobhadh Gàidhlig) | 10 |
| Comasan Gàidhlig taobh a-staigh Comhairle Siorrachd Àir a Deas | 11 |
| Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) ann an Siorrachd Àir a Deas | 12 |
| Ionnsachadh stèidhichte san sgoil | 12 |
| Ionnsachadh stèidhichte sa choimhearsnachd | 13 |
| Gàidhlig sa Choimhearsnachd | 13 |
| Gàidhlig sa Chomhairle..... | 14 |
| Gàidhlig agus Ullachaidhean Com-pàirteachais | 15 |
| Prìomh Rùintean | 16 |
| Cur an Gnìomh agus Sgrùdadh | 19 |



Geàrr-chunntas air Siorrachd Àir a Deas


Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig na pàirt bhunaiteach de dhualchas, fèin-aithne nàiseanta agus beatha chultarail na h-Alba. Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas rùnaichte air prìomh amas [Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-2028](#), agus 's e sin:

A' cur ri cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig

Tha am Plana Nàiseanta a' toirt taic do dh'àrd-amas Riaghaltas na h-Alba a bhith a' faicinn meudachadh anns an àireamh de dhaoine a tha a' bruidhinn, ag ionnsachadh, a' cleachdadh agus a' toirt taic don Ghàidhlig an Alba.

Thathar air Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Àir a Deas ullachadh taobh a-staigh frèam-obrach [Achd na Gàidhlig \(Alba\) 2005](#). Tha e a' mìneachadh mar a chleachdas sinn Gàidhlig ann an cuairteachadh nan dleastanasan againn, mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach ann an conaltradh ris a' phoball is ri prìomh chom-pàirtichean agus mar a bhios sinn a' brosnachadh agus a' leasachadh na Gàidhlig le dòigh chiuimseach a tha ag aithneachadh dualchas na sgìre agus mar a tha an cànan ga chleachdadh innte an-dràsta fhèin.

Thathar air Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Àir a Deas ullachadh a rèir nan [riatanasan reachdail](#) san Achd 2005, agus le mothachadh do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus don Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.



Facal-toisich

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba do bheilear a' toirt an aon spèis ris a' Bheurla.

'S e aon de na prìomh fheartan san Achd 2005 an t-ullachadh a tha a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air ùghdarrasan poblach Planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Rinneadh an t-ullachadh seo los gum bi roinn phoblach na h-Alba a' cuideachadh le Gàidhlig a chumail seasmhach san àm ri teachd le bhith ag àrdachadh a h-inbhe is ìomhaigh agus a' cruthachadh chothroman practaigeach airson a cleachdadh.

Tha Achd 2005 a' cur riathanas air buidhnean poblach aire gach neach aig am biodh ùidh a tharraing gu deasachadh Plana na Gàidhlig aca.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt fios oifigeil do bhuidhnean poblach gum feum iad am Plana aca ullachadh agus fiosrachadh mu àrd-amasan a bu chòir don Phlana a choileanadh.

Plana Gàidhlig Siorrachd Àir a Deas 2020-2025


Bha am [Plana Gàidhlig](#) a bh' aig Comhairle Siorrachd Àir a Deas roimhe a' dèiligeadh ris an ùine 2020-2025, bha e air ullachadh a rèir riathanasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, agus bha e a' mìneachadh mar a bu mhath leinn an obair a thoirt air adhart gus Gàidhlig a bhrosnachadh agus a chleachdadh air feadh na sgìre.

Deasachadh a' Phlana Ghàidhlig ùir aig Siorrachd Àir a Deas

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-2028 a' mìneachadh nam prìomh amasan mar thaic don Ghàidhlig a bhith a' fàs. Tha e ag amas air an àireamh de dhaoine a tha a' bruidhinn, ag ionnsachadh, a' cleachdadh agus a' toirt taic don Ghàidhlig a mheudachadh. Tha am plana a' togail air adhartas a rinneadh roimhe ach tha e cuideachd ag aithneachadh gu bheil dùbhlain ann fhathast. Tha e a' cur cuideam air prìomh raointean far an gabh barrachd a dhèanamh gus Gàidhlig a bhrosnachadh agus a theagasg. Chaidh iarraidh air Ùghdarrasan Ionadail na prìomhachasan seo a chumail air chuimhne nuair a bhiodh iad a' deasachadh nam planaichean aca.

'S iad na prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh:

- Taic coimhearsnachd
- Taic san dachaigh
- Gnìomhachasan cruthachail
- Gnothachas agus an eaconamaidh
- Ùghdarrasan poblach
- Foghlam 0 gu 18
- Ionnsachadh an dèidh sgoile agus ionnsachadh inbheach



Co-chomhairleachadh

Chaidh co-chomhairleachadh coimhearsnachd a dhèanamh bho 18 Lùnastal 2025 gu 12 Sultain 2025. Bha e fosgailte don phoball tro cheisteachan air-loidhne, air an robh cothrom tro làrach-lìn Comhairle Siorrachd Àir a Deas. Gus com-pàirteachadh nas fharsainge a bhrosnachadh, chaidh an co-chomhairleachadh a shanasachadh don phoball agus do phrìomh luchd-ùidhe tro na seanailean a leanas:

- Ùrlaran nam meadhanan sòisealta oifigeil aig Comhairle Siorrachd Àir a Deas
- Buidheann Com-pàirteachaidh agus Conaltraidh airson Planadh Coimhearsnachd
- Buidheann Gàidhlig Phreastabhaig
- Cunntas air Foghlam, a chaidh a riarachadh don h-uile sgoil
- Conaltradh taobh a-staigh do luchd-obrach tro Viva Engage
- Buidhnean Planadh Àrainne Slàinte agus Cùraim Shòisealta

A bharrachd air sin, chuireadh suas postairean sa h-uile leabharlann phoblach le còd QR orra ceangailte ris a' cheisteachan. Thugadh ceisteachain phàipeir do dhaoine lem b' fheàrr a bhith a' lionadh 's a' tilleadh thugainn lethbhreac cruaidh.

Chaidh seisean-breithneachaidh sònraichte a chumail air 30 Lùnastal 2025 còmhla ri Buidheann Gàidhlig Phreastabhaig. Rè an t-seisein seo, rinn com-pàirtichean deasbad farsaing mu shuidheachadh na Gàidhlig an-dràsta agus san àm ri teachd ann an Siorrachd Àir a Deas, 's iad a' tabhann molaidhean airson Plana na Gàidhlig adhartachadh (faic duilleag 9).

A thuilleadh air sin, choinnich oifigearan na Comhairle ri riochdairean bhon taigh-dhealbh Broadway ann am Preastabhaig, a bha gu mòr airson Gàidhlig a ghabhail a-steach san ionad aca. Tha taic ga cumail ris an iomairt seo le Bòrd na Gàidhlig.

Tha toraidhean a' cho-chomhairleachaidh seo air cuideachadh gus na gnìomhan sa phlana seo ullachadh, agus gheibhear barrachd fiosrachaidh air seo ann an Eàrr-ràdh 1.



Rùintean/Amasan Ro-innleachdail

Raon prìomhachais: Foghlam 0 gu 18

Amas Ro-innleachdail: Coilean dleastanas Comhairle Siorrachd Àir a Deas fo Achd Foghlam (Alba) 2016 le bhith a' brosnachadh a' chothruim agus a' chòir aig pàrantan cloinne ro-sgoile measadh iarraidh air an fheum a th' ann airson Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig (FBG) taobh a-staigh Siorrachd Àir a Deas.

| Gnìomh | Prìomh Oifigear | Raon-ama |
|--|--|---|
| Deasaich an duilleag-lìn a thaobh fios air còir phàrantan cloinne fo aois 5 a bhith ag iarraidh Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig air Comhairle Siorrachd Àir a Deas. | Co-òrdanaiche (Litearrachd, Gàidhlig agus Cànanan) | 28mh Gearran 2026 Air ath-dheasachadh ann an co-rèite ri atharrachaidhean reachdail sam bith. |
| Meudaich mothachadh air FMG am measg phàrantan aig a bheil clann a tha 3 no 4 bliadhna a dh'aois tro mhodhan-clàraidh Thràth-bhliadhnaichean agus suirbhidhean gus ìre de dh'ùidh ann an Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) a thomhas. | Co-òrdanaiche (Litearrachd, Gàidhlig agus Cànanan) | Fiosrachadh air a cho-roinn gach bliadhna taobh a-staigh foirm clàraidh air-loidhne airson Thràth-bhliadhnaichean (Faoilleach). Suirbhidhean gus ìrean de dh'ùidh ann am FMG a thomhas: Ògmhios 2027 / Ògmhios 2029. |

Amas Ro-innleachdail: Brosnaich Gàidhlig mar phàirt den iomairt 1+2.

| Gnìomh | Prìomh Oifigear | Raon-ama |
|---|--|--|
| Dèan cinnteach gum faigh cha mhòr a h-uile pàiste bun-sgoile ann an Siorrachd Àir a Deas blas air co-dhiù aon tachartas Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig mar phàirt den oideachadh L3 aca ro dheireadh 2027 le bhith a' sior-bhrosnachadh Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus a' togail comas aig luchd-foghlaim/luchd-teagaisg a bhith a' cleachdadh nam pròiseactan is goireasan tarraingeach againn do chlann is daoine òga. | Co-òrdanaiche (Litearrachd, Gàidhlig agus Cànanan) | 2027 agus adhartas air aithris gach bliadhna an dèidh sin. |
| Brosnaich Gàidhlig aig Fèill 1+2 tro bhith a' gabhail a-steach taisbeantasan is bùthan-obrach ann an ceòl is dràma Gàidhlig. | Co-òrdanaiche (Litearrachd, Gàidhlig agus Cànanan) | Tachartas air a chumail gach bliadhna sa Chèitean. |

Raon prìomhachais: Taic san Dachaigh

Amas Ro-innleachdail: A' toirt taic do phàrantan cloinne nan tràth-bhliadhnaichean

| Gnìomh | Prìomh Oifigear | Raon-ama |
|--|--|--|
| Brosnaich is misnich pàrantan cloinne 2/3 bliadhna a dh'aois a dhol gu na seiseanan Seinn Còmhla Rium tro Sgiobaidhean Ionnsachadh Teaghlaich agus thoir taic le seòmraichean airson 2-3 bliadhna a dh'aois ann an Ionadan Thràth-bhliadhnaichean ainmichte. | Co-òrdanaiche (Litearrachd, Gàidhlig agus Cànanan) | Trèanadh nan sgiobaidhean luchd-obrach iomchaidh ri choileanadh ro dheireadh a' Mhàirt 2027. |
| Thoir a-steach seiseanan Bookbug Gàidhlig a-rithist. | Co-òrdanaiche (Cultar) | Adhartas air aithris gach bliadhna |

Raon prìomhachais: Taic sa Choimhearsnachd

Amas Ro-innleachdail: Thoir taic dhi agus co-obrach le buidheann coimhearsnachd Gàidhlig oifigeil sam bith a chuireas fios chun na Comhairle.

| Gnìomh | Prìomh Oifigear | Raon-ama |
|--|---|---|
| Co-obrach le buidheann coimhearsnachd Gàidhlig oifigeil, ma thig iad thugainn, air tachartasan coimhearsnachd iomchaidh. | Oifigear Poileasaidh Corporra agus Com-pàirteachadh | Adhartas air aithris gach bliadhna |
| Thoir taic do bhuidhnean Coimhearsnachd Gàidhlig gus maoinachadh bhon taobh a-muigh iarraidh airson pileat a dhèanamh de chlasaichean coimhearsnachd Gàidhlig. | Oifigear Poileasaidh Corporra agus Com-pàirteachadh | Adhartas air aithris gach bliadhna |
| Ceangal ri raon de ghoireasan Gàidhlig air làrach-lìn Comhairle Siorrachd Àir a Deas. | Co-òrdanaiche (Litearrachd, Gàidhlig agus Cànanan) | Ri luchdadh suas chun làraich-lìn ron Ògmhios 2026 (ri luachadh agus ri ath-sgrùdadh gach bliadhna) |

Raon prìomhachais: Ionnsachadh an dèidh sgoile agus ionnsachadh Inbheach

Amas Ro-innleachdail: Thoir taic do luchd-ionnsachaidh an dèidh sgoile agus luchd-ionnsachaidh inbheach

| Gnìomh | Prìomh Oifigear | Raon-ama |
|---|--|--------------|
| Beachdaich air cothroman a bhith a' gabhail a-steach ion-chur Gàidhlig airson oileanaich na 4mh bliadhna mu Fhoghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann am Bun-sgoiltean. | Co-òrdanaiche (Litearrachd, Gàidhlig agus Cànanan) | Gearran 2027 |

Raon prìomhachais: Gnìomhachasan Cruthachail

Amas Ro-innleachdail: Thoir taic do agus brosnach cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh an raoin seo.

| Gnìomh | Prìomh Oifigear | Raon-ama |
|---|--|--------------|
| Beachdaich air com-pàirteachasan le buidhnean ionadail aig a bheil ùidh ann an cultar Gàidhlig. | Sgioba Planaidh Coimhearsnachd is Cho-ionannachdan | Gearran 2028 |

Raon prìomhachais: Gnothachas is Eaconamaidh




Amas Ro-innleachdail: Meudaich mothachadh air Gàidhlig agus buannachdan eaconamach ceangailte rithe am measg nan gnothachasan againn.

| Gnìomh | Prìomh Oifigear | Raon-ama |
|---|--|--------------|
| Bidh an t-seirbheis Eaconamaidh Shoirbheachail agus Ceann-uidhe Siorrachd Àir a Deas ann an Comhairle Siorrachd Àir a Deas a' meudachadh mothachadh air a' Phlana Ghàidhlig le prìomh luchd-ùidhe. Bidh seirbheisean a' cur cuideam air na buannachdan eaconamach a thig bho bhith a' gabhail ri cultar Gàidhlig tro na lionraidhean ionadail, roinneil agus nàiseanta againn agus a' moladh chothroman don choimhearsnachd gnothachais againn agus gu h-àraidh tron t-sruth-obrach againn air eaconamaidh an luchd-turais. | Neach-stiùiridh seirbheise airson Ceann-uidhe Siorrachd Àir a Deas | Gearran 2028 |

Foir-shealladh air Comhairle Siorrachd Àir a Deas

Eadar 2022 agus 2043, thathar a' tomhas gun lùghdaich àireamh-shluaigh Siorrachd Àir a Deas bho 111,519 gu 105,191.

'S e seo crìonadh de 6.0%, an coimeas ri àrdachadh de 2.5% a thathar a' tomhas airson Alba gu h-iomlan.



58.3%

den àireamh-shluaigh a tha de dh'aois a bhith ag obair (16-64) an coimeas ri



63.6% Gu nàiseanta



26.5% 65+
(Cuibheas nàiseanta 20%)



12.4% 75+
(Cuibheas nàiseanta 9%)



Bha reat nam breithean eadar 2021 agus 2023 ann an Siorrachd Àir a Deas nas àirde na ann an Alba.

Thathar a' tuairmse gum bi meudachadh 53% san àireamh de dhaoine a tha 75+ bliadhna a dh'aois bho

13,786

A' meudachadh gu

21,040




71.6%

6mh sgìre as àirde ann an Alba a thaobh co-mheas eisimeileachd (2022)




Tha 56,697 Dachaidhean ann an Siorrachd Àir a Deas.

95.7% % Co-ionann ri reat na h-Alba



68.4%
Inbhir Àir, Preast-abhaig agus an Truthail



31.6%
Inbhir Gharbhain, Maybole, Cuil is Carraig dhùthchail



- AN TRUTHAIL
- PREASTABHAIG
- INBHIR ÀIR

● MAYBOLE

● INBHIR GHARBHAIN

Airson fiosrachaidh air ainmean-àite Gàidhlig san sgìre, cleachd an ceangal a leanas far am faighear goireas a rinneadh le Iain Mac an Tàilleir air ainmean-àite. Mar eisimpleir:

| AINM GÀIDHLIG | AINM BEURLA |
|--------------------------------|------------------------|
| Comhairle Siorrachd Àir a Deas | South Ayrshire Council |
| An Truthail | Troon |
| Baile Phreastabhaig, | Prestwick Town |
| Inbhir Àir | Ayr |
| Inbhir Gharbhain | Girvan |

[Ainmean-Àite na h-Alba \(AAA\) – Gaelic Place-names of Scotland](#)

Gheibhear barrachd fiosrachaidh air Dualchas Gàidhlig ann an Siorrachd Àir a Deas ann an Eàrr-ràdh 2.

Comasan Gàidhlig ann an Siorrachd Àir a Deas

CUNNTAS-SLUAIGH : SGILEAN CONALTRAIDH GÀIDHLIG

0.7%
Boireann

0.7%
Fireann

Tha 1.4% de dhaoine ann an Siorrachd Àir a Deas a tha comasach air Gàidhlig a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh (Alba: 2.5%)

Coimeas nan cunntasan-sluaigh: Ceudad de dhaoine aois 3 is barrachd aig a bheil comas Gàidhlig a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh

| | Cunntas-sluaigh 2011 | Cunntas-sluaigh 2022 |
|----------------------|----------------------|----------------------|
| Siorrachd Àir a Deas | 0.67% | 1.47% |
| Alba | 1.70% | 2.46% |

Cunntas-sluaigh 2022

Tha 0.6% de dhaoine ann an Siorrachd Àir a Deas comasach air Gàidhlig a thuigsinn

Tha 0.4% de dhaoine ann an Siorrachd Àir a Deas comasach air Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh is a sgrìobhadh

Tha 0.2% de dhaoine ann an Siorrachd Àir a Deas comasach air Gàidhlig a bhruidhinn ach cha bhì iad ga leughadh no ga sgrìobhadh.

Tha 0.1% de dhaoine ann an Siorrachd Àir a Deas comasach air Gàidhlig a bhruidhinn is a leughadh ach cha bhì iad ga sgrìobhadh.

Tha 0.1% de dhaoine ann an Siorrachd Àir a Deas comasach air Gàidhlig a leughadh ach cha bhì iad ga bhruidhinn no ga sgrìobhadh.


Coimeas nan cunntasan-sluaigh: Sgilean Conaltraidh Gàidhlig

| | A' tuigsinn Gàidhlig air a bhruidhinn | A' bhruidhinn, a' leughadh is a' sgrìobhadh Gàidhlig | A' bhruidhinn a-mhàin | A' bhruidhinn is a' leughadh Gàidhlig | A' leughadh a-mhàin | Coimeasgadh eile de sgilean Gàidhlig |
|---------------------------|---------------------------------------|--|-----------------------|---------------------------------------|---------------------|--------------------------------------|
| Siorrachd Àir a Deas 2011 | 0.27% | 0.18% | 0.15% | 0.05% | 0.07% | 0.02% |
| Siorrachd Àir a Deas 2011 | 0.24% | 0.19% | 0.12% | 0.04% | 0.05% | 0.02% |
| Siorrachd Àir a Deas 2022 | 0.58% | 0.39% | 0.20% | 0.06% | 0.13% | 0.05% |
| Alba 2022 | 0.88% | 0.83% | 0.34% | 0.14% | 0.20% | 0.06% |


Ann an 2011, bha Siorrachd Àir a Deas air a rangachadh 30mh a-mach à 32 ùghdarrasan ionadail ann an Alba a thaobh an ìre de dhaoine aig an robh eòlas air Gàidhlig (cha robh i aig ach 67 daoine gach 10,000 àireamh-shluaigh)

Ann an 2022, chaidh an reat suas gu 141 daoine gach 10,000 àireamh-shluaigh agus ghluais Siorrachd Àir a Deas gu 22mh san rangachadh.

Tùsan: Cunntas-sluaigh na h-Alba (cunntas-sluaigh 2022 | Cunntas-sluaigh na h-Alba)



Suidheachaidhean luchd-còmhnaidh Siorrachd Àir a Deas a tha a' conaltradh sa Ghàidhlig (a' bruidhinn, a' leughadh no a' sgrìobhadh Gàidhlig).





Comasan Gàidhlig taobh a-staigh Comhairle Siorrachd Àir a Deas

Tha aon Oifigear Leasachaidh Gàidhlig 0.4 Co-ionann ri Làn-ùine (FTE) againn. Chan eil fileantas riatanach airson na dreuchd seo, ach tha e riatanach gu bheil deagh eòlas-obrach aca air Gàidhlig mar a thathar ga cleachdadh ann am Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann am Foghlam Coitcheann Farsaing.

Chaidh sgrùdadh chomasan Gàidhlig a dhèanamh sa Chèitean 2025 fad ceithir seachdainean. Chaidh an t-suirbhidh a dhèanamh tro MS Teams agus chaidh a cur air adhart tro chaochladh shruthan conaltraidh air an taobh a-staigh agus tro bhuill an Fhòraim Co-ionannachd is lomadachd. Chaidh raon de cheistean a chur gus faighinn a-mach dè na comasan Gàidhlig a th' againn air feadh an Ùghdarrais Ionadail. Fhreagair 85 luchd-obrach.

Nochd an t-suirbhidh gu bheil àireamh ìosal againn de luchd-obrach aig an robh fios gun robh Plana Gàidhlig againn, a bharrachd air àireamh bheag aig a bheil comasan Gàidhlig sam bith. Bhiodh luchd-obrach deònach a bhith ag ionnsachadh a' chàinain, ach bha iad den bheachd gun robh cnapan-starraidh gam bacadh, a' gabhail a-steach gealltanasan a thaobh ùine, ionmhas agus còmh-dhail airson siubhal gu cùrsaichean.

Am measg nam molaidhean air mar a ghabhadh cleachdadh Gàidhlig a mheudachadh sa bheatha obrach againn, bha:

- Buidhnean còmhraidh Gàidhlig, cothroman do luchd-ionnsachaidh ann am bun-sgoiltean;
- Soidhnichean àithnteil airson Gàidhlig a dhèanamh mar rudeigin àbhaisteach sna sgoiltean is togalaichean comhairle againn (tha spèis cho-ionann aig a' Ghàidhlig agus aig a' Bheurla fo Achd na Gàidhlig);
- Làithean fosgailte gus barrachd a bhrosnachadh tro fhoghlam agus sgoiltean;
- Gàidhlig cheart air na soidhnichean againn;
- Co-obrachadh nas dlùithe eadar sgiobaidhean corporra agus foghlaim;
- Fàilte sa Ghàidhlig sa h-uile Togalach Phoblach agus dèanamh cinnteach gur urrainn do luchd-obrach na briathran fhuaimneachadh;
- Tabhann chùrsaichean/leasan;
- Puist air meadhanan sòisealta a' comharrachadh Gàidhlig;
- A' toirt barrachd Gàidhlig a-steach do sgoiltean Siorrachd Àir a Deas; agus
- Barrachd ghoinneasan rim faotainn annta.

Bidh sinn a' dèanamh oidhirp suirbhidh luchd-obrach eile a dhèanamh san àm ri teachd agus tha sinn an dòchas a bhith a' meudachadh na h-àireimh de luchd-freagairt san sgrùdadh sgilean againn. Faic Eàrr-ràdh 3 airson nan toraidhean ann am barrachd doimhneachd.

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) taobh a-staigh Siorrachd Àir a Deas

An-dràsta, chan eil Comhairle Siorrachd Àir a Deas a' dèanamh ro-ullachadh sam bith airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) taobh a-staigh gin de na sgoiltean no ionadan foghlaim aca. Tha ullachadh ann airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (BS1-ÀS6) aig Comhairle Siorrachd Àir an Ear, agus faodaidh Comhairle Siorrachd Àir a Deas ceangal a dhèanamh ris an t-seirbhis seo nuair a tha feum ann. Thèid luchd-ionnsachaidh a thoirt gu Campas MacIlvanney, Cill Mheàrnaig, gus am faod iad teagasg foirmeil tro Mheadhan na Gàidhlig fhaighinn. Thathar a' dèanamh cheanglaichean cuideachd ri Comhairle Siorrachd Àir a Tuath gus obair leis an t-seirbheis Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aca.

Gu ruige 2024-2025, tha sinn air aon phàiste a shuidheachadh ann an Siorrachd Àir an Ear airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus an-dràsta thathar air ceistean fhaighinn mu dhithis eile airson an t-solair seo.

Fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, tha a' chòir aig pàrantan iarraidh gun tèid measadh a dhèanamh a thaobh a bheil feum air Foghlam Bun-sgoile tron Ghàidhlig bhon Ùghdarras Ionadail aca, agus tha Riaghaltas na h-Air Alba pròiseas a stèidheachadh airson pàrantan, le taic bho Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig, a chaidh fhoillseachadh le Bòrd na Gàidhlig. Far a bheil pàrantan taobh a-staigh Siorrachd Àir a Deas air leithid a dh'iartras a chur a-steach, bidh Seirbheisean Foghlaim a' leantainn an Stiùiridh Reachdail.

Ionnsachadh Stèidhichte san Sgoil

Tha Siorrachd Àir a Deas an geall air pròfaidhl na Gàidhlig àrdachadh agus comasan a thogail am measg luchd-teagaisg agus luchd-cleachdaidh eile gus taic a thoirt do chleachdadh na Gàidhlig ann an sgoiltean agus gus a chur air adhart.

Tha sinn air:

- Dreuchd mhaireannach 0.4 co-ionann ri làn-ùine (FTE) a chruthachadh airson Oifigear Leasachaidh Gàidhlig a tha a' co-obrachadh le sgoiltean agus ionadan Thràth-bhliadhnaichean air feadh an ùghdarras.
- Ionnsachadh proifeiseanta mu Fhoghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a chruthachadh agus a libhrigeadh airson tidsearan bun-sgoile.
- Raon farsaing de ghoireasan a chruthachadh agus a shanasachadh gus taic a thoirt do theagasg is ionnsachadh na Gàidhlig.
- Ceanglaichean a stèidheachadh le co-obraichean Thràth-bhliadhnaichean gus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a chur air adhart tro rannan, òrain agus cluiche do luchd-cleachdaidh Thràth-bhliadhnaichean.
- Iartras a chur a-steach do Riaghaltas na h-Alba airson maoinachadh, a chaidh a chur gu feum ann an dòigh chiallach, bho sgeama thabhartasan sònraichte airson foghlam Gàidhlig.
- Co-obrachadh le co-obraichean air a bheil an t-uallach airson Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an ùghdarrasan co-chrìochail: Siorrachd Àir an Ear agus Siorrachd Àir a Tuath.
- Foghlam Gàidhlig a chur air adhart agus a chomasachadh tro chòisirean Gàidhlig a tha air tachartasan a chur air dòigh gu h-ionadail agus gu roinneil.
- Dà thachartas taisbeanaidh Gàidhlig a chur air dòigh aig ionad Cutty Sark ann an Inbhir Àir.
- Gàidhlig a chur air adhart tro chuairt-litrichean na comhairle agus tro na sianalan is cunntasan mheadhanan sòisealta aca.
- Co-obrachadh le com-pàirtichean ùghdarras ionadail ann a bhith a' cruthachadh chothroman inntinneach airson Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig airson chlann is daoine òga.
- Taic a thoirt do cho-obraichean gus trèanadh GLPS a ghabhail os làimh agus iomairtean Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a stiùireadh taobh a-staigh nan co-theacsaichean sgoile aca.

Ionnsachadh Stèidhichte sa Choimhearsnachd

Chan eil a' Chomhairle an sàs ann am foghlam foirmeil Gàidhlig stèidhichte sa choimhearsnachd an-dràsta.



Gàidhlig sa Choimhearsnachd

Thairis air beatha a' Phlana, bidh sinn a' cumail oirnn ag obair còmhla ri Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean-coimhearsnachd gus ceanglaichean, agus ma dh'fhaodte com-pàirteachadh ann am pròiseactan a th' ann agus pròiseactan ùra, a leasachadh.

Tha Friends of the Broadway Prestwick, an carthannas a tha ag ath-fhosgladh an t-seann taigh-dhealbh Broadway air Prìomh Shràid Phreastabhaig, a' leasachadh Plana Gàidhlig airson leasachadh a' phròiseict san àm ri teachd agus tha iad air maoinachadh fhaighinn mar-thà gus Gàidhlig a ghabhail a-steach sa chiad ìre de na h-obrachaidhean aca. Tha seo a' gabhail a-steach soidhnichean dà-chànanach do luchd-tadhail air feadh an togalaich, sam faighear taigh-tasgaidh 'pop-up' agus taisbeanaidhean dualchais air eachdraidh an taigh-dhealbh Broadway. Bidh an lèirsinn fhad-ùineach aca airson leasachadh na Gàidhlig, ma tha i soirbheachail, a' cruthachadh mòr-ionad cultair, dibhearsain agus ionnsachaidh airson a' chànan ann an Siorrachd Àir a Deas.

Thèid am Broadway ath-leasachadh le goireasan airson taigh-dhealbh, taigh-chluiche, tachartasan ciùil bheò, co-labhairtean, fèisean agus barrachd.

Thèid pròiseact an taigh-tasgaidh a leudachadh gus làn chreidseachadh le buidhnean nàiseanta a choileanadh, bidh iomairtean na buidhne le daoine òga agus ionnsachadh gan sìor leasachadh tro dhualchas agus film, agus tha an carthannas air dàimhean deimhinneach a leasachadh mar-thà le prìomh bhuidhnean mheadhanan Gàidhlig, a' gabhail a-steach MG ALBA, Astar Media agus FilmG.

'S e lèirsinn na buidhne gum bi Broadway am measg nam prìomh mhòr-ionadan dibhearsain airson Gàidhlig ann an Alba, a' cur fàilte air tachartasan nàiseanta, bùithtean-obrach film agus ionnsachadh is buidhnean-taice a tha stèidhichte sa choimhearsnachd. Bidh seo a' tàladh barrachd ùidh, mothachadh agus follaiseachd don chànan mar bhuannachd ann an coimhearsnachd shoirbheachail.

Airson daoine sa choimhearsnachd againn a dh'iarraas eadar-mhìneachadh is eadar-theangachadh Gàidhlig, tha sinn a' cleachdadh raon de chompanaidhean a tha an sàs ann an eadar-mhìneachadh is eadar-theangachadh, a' gabhail a-steach seirbheisean air fòn, ann an co-rèir ri na h-ullachaidhean stèidhichte againn mu chànanan eile.

Gàidhlig sa Chomhairle

Taighean-tasgaidh is Gailearaidhean

Tha seirbheis nan Taighean-tasgaidh is Gailearaidhean againn a' tabhann eadar-theangachadh Gàidhlig de Tam o' Shanter, le stuthan eadar-mhineachaidh, leithid leubailean obair-ealain, cuideachd sa Ghàidhlig. Tràth ann an 2025, chruthaich sinn pròifilean air leth air [Bloomberg Connects](#) a bhios a' nochdadh eadar-theangachaidhean Gàidhlig de thaisbeanaidhean maireannach is atharrachail.



Leabharlannan

Sna seiseanan cunbhalach againn airson Bookbug, tha goireasan Gàidhlig rim faotainn airson chom-pàirtichean. Tha an solar againn a thaobh leabhraichean sa Ghàidhlig sa mhòr-chuid air a dhèanamh suas de dh'fhaclairian is leabhraichean airson daoine òga. Faodaidh sinn barrachd leabhraichean Gàidhlig a thoirt seachad tro iarrtasan chustamairean, agus tro chom-pàirteachadh ann an iomairtean is sgeamaichean nàiseanta, mar eisimpleir taisbeantasan cuspaireil air Sgrìobhadairean Albannach tro Chomhairle Fiosrachaidh Leabharlannan na h-Alba agus tron Reading Agency. Tha sinn cuideachd a' dèanamh lèirmheas agus ath-ùrachadh air seirbheisean leabhar-dealain sa Ghàidhlig, agus tha cothrom ann aig luchd-cleachdaidh a bhith a' dèanamh iarrtas airson tiotalan Gàidhlig.




Luchd-obrach

Bidh a' Chomhairle a' leasachadh a' chliùtha a th' aca mar Fhastaike Taghte le bhith a' stèidheachadh shiostaman is dòighean-obrach a sheallas spèis cho-ionann ri iarrtasan Gàidhlig agus Beurla.

Bidh luchd-obrach a tha air ùidh a nochdadh ann an Gàidhlig ionnsachadh air an stiùireadh do dh'àrd-ùrlar didseatach na Comhairle.

Tha am Fòram Co-ionannachd agus Iomadachd aig a' Chomhairle a' gabhail a-steach riochdairean taghte bho gach buidheann phoilitigeach agus tha coinneamhan gan cumail gach ràith le lìonra nan Gaisgeach Co-ionannachd. Tha Gaisgich Co-ionannachd a' toirt seachad taic agus fiosrachadh do cho-obraichean sa Bhuidhinn-stiùiridh aca air a h-uile cùis ceangailte ri co-ionannachd agus iomadachd.

Thathar a' brosnachadh a h-uile neach-obrach an ainm sa Ghàidhlig a bhith aca air na puist-d aca, agus tha stiùireadh ri fhaotainn air siostam an eadra-lìn againn air ciamar a ghabh seo a dhèanamh. Faic an eisimpleir gu h-ìosal.



Soidhneadh Gàidhlig airson Neach-obrach

Sarah Ross | Neach-taic (Leasachadh Buidhne) | Seirbheisean Luchd-obrach is Luchd-ceannach | Prìomh Roinn
Togalaichean Siorrachd | Sarah.Ross@south-ayrshire.gov.uk
Fòn: [01292 612875](tel:01292612875) | www.south-ayrshire.gov.uk

Gàidhlig agus Ullachaidhean Com-pàirteachais

Prìomh Ghealltanasan


Tha na gnìomhan a' leanas a' toirt air adhart prìomh raointean fòcais airson Comhairle Siorrachd Àir a Deas ann an co-rèir ri raointean prìomhachais Ùghdarras Phoblaich (far a bheil sin buntainneach) air an comharrachadh sa phlana nàiseanta 2023-2028.

Gnàthachasan Litreachaidh na Gàidhlig

Thèid an tionndadh as ùire de Ghnàthasan Litreachaidh na Gàidhlig a leantainn airson stuthan sgrìobhte sam bith a tha an t-ùghdarras poblach a' foillseachadh.

| Raon a' Phrìomh Rùin: | Dearbh-aithne |
|--|---------------|
| <p>Far a bheil Gàidhlig a' nochdadh ann an dearbh-aithne chorporra agus soidhnichean an ùghdarras phoblaich, tha sin a' cur gu mòr ri faicsinneachd a' chànain, a' cur ris an inbhe a tha aice agus a' dèanamh aithneachadh cudromach air mar a thathar a' cur luach air a' Ghàidhlig agus ga h-aithneachadh. Le bhith a' leasachadh cleachdadh na Gàidhlig air soidhnichean, faodaidh sin cur ri briathrachas luchd-bruidhinn na Gàidhlig, togail aire a' phobaill don chànain agus cur ri a leasachadh.</p> <p><i>Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' leudachadh faicsinneachd na Gàidhlig agus a' meudachadh na h-inbhe a th' aice.</i></p> | |
| <p>AMASAN SHEIRBHEISEAN CORPORRA BHO BHÒRD NA GÀIDHLIG¹:</p> <ol style="list-style-type: none"> Suaicheantas agus branndadh – thoir seachad an suaicheantas corporra agus branndadh an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla aig a' chiad chothrom mar phàirt de phròiseas ath-ùrachaidh sam bith. Bu chòir gu bheil an suaicheantas a' nochdadh cudromachd cho-ionann don dà chànain. Soidhnichean – Bidh soidhnichean a' gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ath-ùrachaidh sam bith. | |
| <p>CLEACHDADH LÀITHREACH COMHAIRLE SIORRACHD ÀIR A DEAS:</p> <ol style="list-style-type: none"> Tha eadar-theangachadh Gàidhlig a' nochdadh san t-suaicheantas corporra againn. Tha eadar-theangachadh Gàidhlig a' nochdadh air soidhnichean bhailtean is rathaidean air feadh sgìre an ùghdarras ionadail agus thèid an ath-nuadhachadh mar phàirt de phròiseas ath-ùrachaidh. | |

¹ Amasan sheirbheisean corporra mar air an stiùireadh le [Stiùireadh Reachdail air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig](#) agus riatanasan sgrùdaidh a' Phlana Gàidhlig.



| Raon a' Phrìomh Rùin: | Conaltradh | |
|--|---|--|
| <p>Far a bheil Gàidhlig ga cleachdadh aig a' phuig conaltraidh eadar buill a' phobail agus an t-ùghdarras poblach, tha sin a' meudachadh làthaireachd fhaicsinneach agus so-chlaistinneach a' chànain agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus di-beathte. A bharrachd air togail inbhe a' chànain, bidh e cuideachd a' cruthachadh chothroman airson a cleachdadh gu practaigeach agus a' brosnachadh dhaoine gu bhith a' cleachdadh Gàidhlig an ath turas a tha iad a' dèiligeadh ris an ùghdarras poblach.</p> <p>Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh leis an ùghdarras ann an litrichean, ann am post-d agus air an fòn cudromach ann a bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach airson an cànan a chleachdadh agus a' cur ri faireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus di-beathte. Far a bheil a' Ghàidhlig a' nochdadh ann an raon farsaing de dh'fhoirmean dà-chànanach agus foirmean Ghàidhlig a-mhàin, bidh sin a' cur gu mòr ri faicsinneachd is inbhe a' chànain cuideachd.</p> <p>Far a bheil foirmean, iarrtasan agus sgrìobhainnean eile gan ullachadh le Gàidhlig, faodaidh sin cuideachadh gus raon briathrachas na Gàidhlig agus mothachadh luchd na Gàidhlig mun bhriathrachas sin a leudachadh, rud a chuidicheas le leasachadh a' chànain fhèin.</p> <p><i>Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e cothroman a chruthachadh airson Gàidhlig a chleachdadh gu practaigeach ann an raon farsaing de shuidheachaidhean làitheil agus tha rùn aice an ìre de dh'ullachadh san raon seo a mheudachadh.</i></p> | | |
| <p>AMASAN SHEIRBHEISEAN CORPORA BHO BHÒRD NA GÀIDHLIG:</p> | | |
| <ol style="list-style-type: none"> 1. Brosnachadh – Teachdaireachdan gu bheil fàilte daonnan ga cur air conaltradh sa Ghàidhlig bhon phoball. 2. Conaltradh sgrìobhte - Gabhar ri conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) daonnan agus bidh freagairt ann sa Ghàidhlig, ann an co-chòrdadh ris a' phoileasaidh choitcheann. 3. Ionad-fàilte agus am fòn - Far a bheil luchd-obrach le Gàidhlig ann airson seo a thoirt seachad, gheibh iad taic airson seo a dhèanamh agus thèid sanasachd a dhèanamh air an t-seirbheis dhan phoball. Mura bheil luchd-obrach gu leòr ri fhaotainn airson an t-seirbheis seo a libhrigeadh, thèid comas a thogail tro thrèanadh agus trusadh. 4. Coinneamhan – Tha cothroman air coinneamhan dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail gan rannsachadh 's gam brosnachadh gu cunbhalach. Sna h-àitichean far a bheil an ceudad de luchd-bruidhinn na Gàidhlig nas motha, thathar an dùil gum bithear ag obair a dh'ionnsaigh seo. | | |
| <p>CLEACHDADH LÀITHREACH COMHAIRLE SIORRACHD ÀIR A DEAS:</p> | | |
| <p>Thathar a' brosnachadh a h-uile neach-obrach soidhneadh puist-d dà-chànanach a chleachdadh. Tha stiùireadh ceum-air-cheum air mar a ghabh seo a dhèanamh ri fhaotainn air an eadra-lìn againn.</p> | | |
| GNÌOMHAN ÙRA | Prìomh Oifigear | Raon-ama |
| <p>Bidh sinn a' deasachadh plana conaltraidh ùr a bhios a' gabhail a-steach cuspairean leithid puist-d agus meadhanan sòisealta, ag ion-chorpachadh amasan a h-aon is a dhà, brosnachadh agus conaltradh sgrìobhte, gus fios a chur gu luchd-cleachdaidh Gàidhlig ann an Siorrachd Àir a Deas mu na cothroman seo.</p> | <p>Sgioba Dealbhadh Coimhearsnachd is Cho-ionannachdan le taic bho sgioba Conaltraidh</p> | <p>Lèirmheas ga dhèanamh air gach bliadhna</p> |
| <p>An-dràsta, chan urrainn dhuinn seirbheis fàilteachaidh is fòn a thoirt seachad sa Ghàidhlig taobh a-staigh an ùghdarras ionadail. Ach tha sinn rùnaichte air taic a thoirt do luchd-obrach aig a bheil ùidh ann a bhith a' leasachadh an cuid chomasan Gàidhlig agus bidh sinn a' beachdachadh gu gnìomhach air cothroman gus comas a thogail taobh a-staigh na buidhne gus leithid a sheirbheis a sholarachadh san àm ri teachd.</p> | <p>Sgioba Planaidh Coimhearsnachd is Cho-ionannachdan</p> | <p>Lèirmheas ga dhèanamh air gach bliadhna</p> |
| <p>A bhith a' gabhail a-steach Gàidhlig aig coinneamhan poblach far a bheil cuspair na coinneimh ceangailte ris a' Ghàidhlig no ri foghlam Gàidhlig.</p> | <p>Sgioba Planaidh Coimhearsnachd is Cho-ionannachdan</p> | <p>Lèirmheas ga dhèanamh air gach bliadhna</p> |

| Raon a' Phrìomh Rùin: | Fiosrachadh | |
|---|---|--|
| <p>Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an raon de stuth ann an clò cuideachadh le leasachadh na Gàidhlig ann an caochladh dhòighean. Bidh e a' cuideachadh gus faicsinneachd a' chànain a mheudachadh, bidh e a' cur ri inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean làn-fhollaiseach, agus is urrainn dha cuideachadh gus briathrachas ùr a leasachadh agus briathrachas a th' ann an-dràsta a neartachadh. Bidh cleachdadh na Gàidhlig sna meadhanan a' cuideachadh ann a bhith a' nochdadh gealltanais an ùghdarras phoblaich a bhith a' cur a-mach fiosrachadh cudromach ann an Gàidhlig, a bharrachd air cur ri faicsinneachd is inbhe a' chànain. Mar a gheibh barrachd dhaoine cothrom air fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraichean-lìn aca, faodar cur gu mòr ri inbhe is faicsinneachd na Gàidhlig le bhith a' dèanamh ullachadh airson cleachdadh a' chànain.</p> | | |
| <p><i>Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas rùnaichte air cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh sna raointean seo far a bheil ùidh aig a' phoball san fharsaingeachd no nuair a bhios e ceangailte gu sònraichte ri cùisean Gàidhlig.</i></p> | | |
| <p>AMASAN SHEIRBHEISEAN CORPORRA BHO BHÒRD NA GÀIDHLIG:</p> | | |
| <ol style="list-style-type: none"> Fiosan-naidheachd - Prìomh fhiosan-naidheachd agus fiosan-naidheachd mu dheidhinn na Gàidhlig air an cuairteachadh sa Ghàidhlig agus sa Beurla. Meadhanan sòisealta – Stuth Gàidhlig ga sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta gu cunbhalach, gus am bi iad gu tur dà-chànanach. Làrach-lìn – Stuth Gàidhlig air làrach-lìn an ùghdarras phoblaich, le prìomhachas air na duilleagan le faicsinneachd mhòr; a thaobh obair a dh'ionnsaigh làrach-lìn a tha gu tur dà-chànanach, sna h-àitichean far a bheil an ceudad as motha de dhaoine aig a bheil Gàidhlig sa choimhearsnachd bithear an dùil ri seo mar nì àbhaisteach. Irisean corporra – Irisean corporra sa Ghàidhlig agus Beurla, le prìomhachas ga thoirt dhaibhsan a dh'fhaodadh barrachd a ruigsinn agus aig am bi a' bhuidheas as motha. Cànan– Tha pròiseas ann gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd agus ruigsinneachd na Gàidhlig ann am fiosrachadh corporra uile aig inbhe àrd. Taisbeanaidhean – Cothroman airson taisbeanaidhean dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh, le prìomhachas air an fheadhainn aig am faodadh a' bhuidheas as motha a thoirt seachad. | | |
| <p>CLEACHDADH LÀITHREACH COMHAIRLE SIORRACHD ÀIR A DEAS:</p> | | |
| <p>Ma thathar a' faighinn iarrtas airson fiosrachadh a bhith air eadar-theangachadh airson brath-naidheachd/meadhanan sòisealta/làrach-lìn/foillseachaidhean corporra, bithear a' gabhail nan ceumannan iomchaidh.</p> | | |
| <p>Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas a' cleachdadh na h-aplacaid Bloomberg Connects airson eadar-theangachadh taobh a-staigh Gailearaidhean an Taigh-tasgaidh Rozelle agus Institiud MhicEachairne.</p> | | |
| GNÌOMHAN ÙRA | Prìomh Oifigear | Raon-ama |
| <p>Thoir a-steach roinnean taobh a-staigh na làraich-lìn chorporra againn far am b' urrainnear Gàidhlig ion-chorpachadh, a' tòiseachadh le susbaint leithid a' Phlana Gàidhlig agus an duilleag-lìn air foghlam Gàidhlig.</p> | <p>Sgioba Dealbhadh Coimhearsnachd is Cho-ionannachdan le taic bhon sgioba Conaltraidh agus sgioba Sheirbheisean Didseatach</p> | <p>Màrt 2027</p> |
| <p>Gus taisbeanadh a dhèanamh gu bheil solar Gàidhlig air a dhol am meud beag air bheag agus gus am prionnsapal a ghlèidheadh gum bithear a' dèanamh tairgse ghnìomhach, bidh a' Chomhairle an geall air an àireamh de fhoillseachaidhean corporra a tha rim faotainn sa Ghàidhlig a chur am meud.</p> | <p>Sgioba Planaidh Coimhearsnachd is Cho-ionannachdan agus seirbheisean comhairle eile far a bheil sin iomchaidh</p> | <p>Lèirmheas ga dhèanamh air gach bliadhna</p> |
| <p>Beachdachadh a bharrachd air mar a b' urrainnear taisbeanaidhean poblach a libhrigeadh. Bidh seo an eisimeil air iarrtas agus faotainneachd buidseit.</p> | <p>Co-òrdanaiche Cultair</p> | <p>Lèirmheas ga dhèanamh air gach bliadhna</p> |

| Raon a' Phrìomh Rùin: | Luchd-obrach | |
|--|--|--|
| <p>Gus seirbheisean a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, feumar sgilean-obrach is comas-cànain an luchd-obrach a leasachadh. Far a bheilear a' toirt seachad ionnsachadh cànain don luchd-obrach, bidh seo a' cuideachadh gus ionnsachadh Gàidhlig do dh'ìnbhich a bhrosnachadh agus Gàidhlig a chur air adhart mar sgil feumail san àite-obrach. Le bhith a' sònrachadh obraichean far a bheil Gàidhlig mar sgil ainmichte, bidh seo a' cur gu mòr ri inbhe a' chànan agus ri bhith ga sònrachadh mar sgil deimhinneach ri thogail.</p> <p>Le bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd, bidh seo a' cuideachadh ann a bhith ag aithneachadh gum bu chòir Gàidhlig a chleachdadh ann am beatha phoblach agus gu bheil àite cudromach aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig ann an ùghdarras poblach.</p> <p>Ge b' e dè an ìre de chomasan Gàidhlig a tha riatanach, tha e cudromach gum bi ùghdarrasan a' dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig na riatanas-obrach ann an da-rìribh. Bu chòir do dh'ùghdarrasan gabhail ri agus cur an gnìomh slatan-tomhais neo-chlaon gus dèanamh cinnteach gu bheilear, anns gach cùis, a' tairgsinn dreuchdan do thagraichean air stèidh chothromach is cunbhalach, agus gu bheilear air feumalachdan sgil sònraichte a choileanadh airson na dreuchd.</p> <p><i>Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' faicinn Gàidhlig mar sgil-obrach cudromach agus a bhith a' sònrachadh shuidheachaidhean sam bi cleachdadh na Gàidhlig riatanach no ion-mhiannaichte. Tha Comhairle Siorrachd Àir a Deas cuideachd ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt cothrom don luchd-obrach an comasan Gàidhlig a leasachadh ma tha iad ag iarraidh sin a dhèanamh.</i></p> | | |
| AMASAN SHEIRBHEISEAN CORPORA BHO BHÒRD NA GÀIDHLIG: | | |
| <ol style="list-style-type: none"> Sgrùdadh a-staigh - Dèan sgrùdadh a-staigh air comasan Gàidhlig is feumalachdan trèanaidh tro ùine gach eagrain dhen phlana. Inntrigeadh – Eòlas air plana Gàidhlig agus cothroman trèanaidh an ùghdarras phoblaich air am fighe a-steach mar phàirt den phròiseas inntrigidh. Cànan - Trèanadh is leasachadh comasan Gàidhlig, air a libhrigeadh don luchd-obrach, gu h-àraidh ann an co-cheangal ri cur-an-gnìomh plana Gàidhlig na Comhairle. Cleachdadh na Gàidhlig – Thathar a' brosnachadh luchd-obrach a bhith a' cleachdadh Gàidhlig sa chuid obrach aca. Trèanadh le Fiosrachadh mun Ghàidhlig - Trèanadh le fiosrachadh mun Ghàidhlig air a libhrigeadh, le prìomhachas air stiùirichean, air an fheadhainn a tha a' dèanamh cho-dhùnaidhean cudromach agus air luchd-obrach a tha a' dèiligeadh leis a' mhòr-shluagh. Trusadh - Tha aithne agus spèis ann do chomasan sa Ghàidhlig taobh a-staigh a' phròiseis trusaidh is fastaidh anns an ùghdarras phoblach gu lèir. Tha Gàidhlig ainmichte - Mar sgil a tha na buannachd agus/no a tha riatanach gus seirbheisean Gàidhlig a libhrigeadh agus a rèir na comhairle laghail aig Bòrd na Gàidhlig. Dà-chànanach no Gàidhlig a-mhàin - Sanasan-obrach airson gach dreuchd sa bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach. | | |
| CLEACHDADH LÀITHREACH COMHAIRLE SIORRACHD ÀIR A DEAS: | | |
| <ol style="list-style-type: none"> Chaidh sgrùdadh chomasan Gàidhlig an luchd-obrach a dhèanamh sa Chèitean 2025, agus gheibhear na toraidhean sa phlana seo. Ann an leabharlann ghoireasan na Comhairle (ri fhaotainn air an làrach eadra-lìn againn learnPro), tha sinn a' stiùireadh luchd-obrach do ghrunn ghoireasan, a' gabhail a-steach: Faclair Gàidhlig air-loidhne, Fiosrachadh air foghlam Gàidhlig, Dachaigh airson Stòras na Gàidhlig agus LearnGaelic. | | |
| GNÌOMHAN ÙRA | Prìomh Oifigear | Raon-ama |
| Cruthaich duilleag-lìn le goireasan Gàidhlig airson luchd-obrach taobh a-staigh an Ùghdarras Ionadail. | Sgioba Planaidh Coimhearsnachd is Cho-ionannachdan | Gearran 2027, agus lèirmheas ga dhèanamh air gach bliadhna an dèidh sin. |
| Bidh Comhairle Siorrachd Àir a Deas a' cur air adhart cothroman trèanaidh Gàidhlig air stèidh leth-bhliadhnail. | Sgioba Planaidh Coimhearsnachd is Cho-ionannachdan | Gu leth-bhliadhnail |
| Dèan conaltradh le seirbheisean airson faighinn a-mach cò na dreuchdan sam biodh Gàidhlig ion-mhiannaichte. Aon uair 's gu bheilear air dreuchdan a chomharrachadh, thèid Gàidhlig a chur ri sònrachadh a' phearsa airson nan dreuchdan sin. | Goireasan Daonna is Foghlam | Sultain 2028 |
| Cuir air adhart Seachdain na Gàidhlig san Ùghdarras Ionadail air an taobh a-staigh agus air an taobh a-muigh. | Sgioba Planaidh Coimhearsnachd is Cho-ionannachdan | Gach bliadhna – nuair a tha Seachdain na Gàidhlig a' tachairt |

Cur an gnìomh agus Sgrùdadh

An dèidh aonta fhaighinn bho Chaibineat, bidh am Plana Gàidhlig ri fhaotainn air an làraich-lìn againn sa Bheurla agus sa Ghàidhlig. Thèid fios a chur chun a' phobaill agus gu luchd-obrach tro an sgioba conaltraidh againn.

Thèid lèirmheas a dhèanamh air a' phlana ath-thriallach seo gach bliadhna, agus thèid gnìomhan a chur ris mar a tha iomchaidh. Thèid adhartas air a' phlana a sgrùdadh le Panail Coileanaidh Seirbheise agus Chom-pàirteachasan.

Thèid fiosrachadh as ùr a thoirt gu Fòram Co-ionannachd is Iomadachd.



This information can be made available, on request, in braille, large print or audio formats and can be translated into a range of languages. Contact details are provided below.

درخواست کرنے پر یہ معلومات ناپینا افراد کے لئے ابھرے حروف، بڑے حروف یا آڈیو میں مہیا کی جاسکتی ہے اور اس کا مختلف زبانوں میں ترجمہ بھی کیا جاسکتا ہے۔ رابطہ کی تفصیلات نیچے فراہم کی گئی ہیں۔

本信息可应要求提供盲文，大字印刷或音频格式，以及可翻译成多种语言。以下是详细联系方式。

本信息可慮應要求提供盲文，大字印刷或音频格式，以及可翻譯成多种語言。以下是詳細聯系方式。

ਇਹ ਜਾਣਕਾਰੀ ਮੰਗ ਕੇ ਬੋਲ, ਵੱਡੇ ਅੱਖਰਾਂ ਅਤੇ ਸਣਨ ਵਾਲੇ ਰਪ ਵਿਚ ਵੀ ਲਈ ਜਾ ਸਕਦੀ ਹੈ, ਅਤੇ ਇਹਦਾ ਤਰਜਮਾ ਹੋਰ ਬੋਲੀਆਂ ਵਿਚ ਵੀ ਕਰਵਾਇਆ ਜਾ ਸਕਦਾ ਹੈ। ਸੰਪਰਕ ਕਰਨ ਲਈ ਜਾਣਕਾਰੀ ਹੇਠਾਂ ਦਿੱਤੀ ਗਈ ਹੈ।

Niniejsze informacje mogą zostać udostępnione na życzenie, w alfabecie Braille'a, w druku powiększonym lub w formacie audio oraz mogą zostać przetłumaczone na wiele języków obcych. Dane kontaktowe znajdują się poniżej.

Faodar am fiosrachadh seo fhaighinn, le iartras, ann am braille, clò mòr no clàr fuaim agus tha e comasach eadar-theangachadh gu grunn chànanan. Tha fiosrachadh gu h-ìosal mu bhith a' cur fios a-steach.

Comhairle Siorrachd Àir a Deas
Ionad Conaltraidh
0300123 0900